

## Stiùireadh (Cùrsa Gaeilge) Colmille 2024/25 Colmille 2024/25 Funding Guidelines (Irish Course)

### Mu dheidhinn na Maoine

'S e com-pàirteachas eadar Foras na Gaeilge ann an Èirinn agus Bòrd na Gàidhlig ann an Alba a th' ann an Colmille. Bidh e a' brosnachadh conaltradh agus co-obrachadh eadar coimhearsnachdan cànanan na Gàidhlig agus na Gaeilge.

Mar pàirt de na maoine seo, faodaidh daoine fa-leth a chur a-steach airson taic gus cùrsa Gaeilge frithealadh, is seo a' brosnachadh tuigse eadar luchd-labhairt na Gàidhlig is Gaeilge ann an Alba is Èirinn.

### About the Fund

Colmille is a partnership between Foras na Gaeilge in Ireland and Bòrd na Gàidhlig in Scotland. It fosters communication and collaboration between the language communities of Scottish and Irish Gaelic.

As part of the fund, individuals can also apply for support towards attending an Irish course, to promote mutual understanding between Gaelic and Irish speakers in Scotland and Ireland.

### Daoine a gheibhear taic

Tha sgeama na bliadhna seo ri fhaotainn do dhaoine a tha:

- A' fuireach ann an Alba
- A' bruidhinn na Gàidhlig
- Airson cùrsa Gaeilge aithnichte a dhèanamh (air-loidhne no san àite) eadar an Giblean 2024 agus am Màrt 2025

Thèid prìomhachas a thoirt dhaibhsan a tha fileanta sa Ghàidhlig agus nach d' fhuair taic roimhe bhon sgeama.

Faodaidh sibh cur a-steach airson taic a dh' ionnsaigh cìsean a' chùrsa agus/no siubhal is àite-fuirich co-cheangailte ri frithealadh a' chùrsa.

Tha fàilte air iarrtasan airson suas ri **£500**, no suas ri **£750** airson daoine a tha nan oileanaich làn-thìde, no a tha gun obair no gun tuarastal (feumar a thoirt seachad air inbhe agaibh leis an iarrtas)

### People this fund aims to support

This year's scheme of support for Irish courses is open to people who are:

- Resident in Scotland
- Gaelic speakers
- Looking to undertake a recognised Irish course (either online or in-person) between April 2024 and March 2025

Priority will be given to fluent Gaelic speakers and applicants who have not previously received support from the scheme.

You can apply for support towards course fees and/or travel and accommodation relating to attending the course.

Applications are welcome for up to **£500**, or for up to **£750** for those who are currently a full-time student, unemployed or unwaged (evidence must be provided along with your application of your status).

### A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach tro phortal iarrtasan Fluxx aig [bng.fluxx.io](http://bng.fluxx.io). Faodaidh sibh cunntas a chruthachadh saor 's an-asgaidh air an làraich-lìn sin is tha e comasach an t-adhartas agaibh leis an iarrtas a shàbhaladh fhad 's a tha sibh ag obair air. Faodaidh sibh gach faidhle-taic a chur a-steach tron phortal.

### Submitting an application

Applications should be submitted via our Fluxx application portal at [bng.fluxx.io](http://bng.fluxx.io). An account can be registered for free on the website and it is possible to save the progress of an application whilst working on it. All supporting documents can be submitted via the portal.

Dùnaidh portal nan iarrtasan aig **3f air Dimàirt 20 Gearran 2024** agus cha bhi e comasach iarrtas a chur a-steach às dèidh a’ chinn-uidhe sin.

Ma tha ceistean agaibh a thaobh iarrtas a chur a-steach, air no ma tha cruthan eadar-dhealaichte den foirm-iarrtais no stiùireadh a dhìth nach leig sibh fios thugainn aig [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

The application portal will close at **3pm on Tuesday 20 February 2024** and it will not be possible to submit an application after this date.

If you have any questions about making an application, or require alternative formats for the application or guidance, please get in touch with us at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

## Mar a nì sinn measadh air an iarrtas

Gheibh sibh post-d fèin-obrachail bhon phortal Fluxx a’ dearbhadh gun d’ fhuair sinn an t-iarrtas agaibh. Mur eil sibh air seo fhaighinn, dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an t-iarrtas agaibh a chur a-steach is nach eil sibh dìreach air a shàbhaladh.

Às dèidh a’ chinn-uidhe airson iarrtasan a chur a-steach, thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a’ leantainn riaghailtean na maoine agus gu bheil iad a’ toirt seachad an fhiosrachaidh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an t-iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 10 làithean-obrach, no thèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadaichte a mheasadh le pannal de dh’ oifigearan aig Bhòrd na Gàidhlig, agus cuiridh iad molaidhean do Sgioba-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a nì an co-dhùnadh air na h-iarrtasan.

Thathar an dùil gum tèid taic aontachadh do gach iarrtas ceadaichte, ach ma tha an suim iomlan air a’ mholadh do phròiseactan is daoine sireadh taic airson cùrsaichean Gaeilge a ghabhail nas motha na am buidseat iomlan, dh’ fhaodadh gun tèid iarrtasan Cùrsaichean Gaeilge ceadaichte a dhiùltadh mur eil iad na phrìomhachas (faic an earrann “Daoine a gheibhear taic”).

Dh’fhaodadh gun iarr Bhòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no mìneachadh air fiosrachadh mu dheidhinn a’ chùrsa mar phàirt den phròiseas measaidh agus mur eil sibh tilleadh thugainn gu sgiobalta dh’ fhaodadh seo dàil a chur air am pròiseas-measaidh no ag adhbharachadh gun tèid an iarrtas agad a dhiùltadh.

Thèid innse dhuibh mu cho-dhùnaidhean air an iarrtas agaibh tro phost-d aig sa Mhàirt 2024.

## How we will assess your application

You will receive an automatic email acknowledgment from the Fluxx portal to confirm that we have received your application.

After the closing date for applications, Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to correct this within 10 working days, or your application will be declined.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers, and they will make recommendations to the Bòrd na Gàidhlig Senior Management Team who will decide on the outcome of applications.

It is expected that all eligible applications will be accepted, however if the total amount of funding recommended for projects and Irish courses exceeds the level of budget available, eligible Irish Course applications may be declined if they are not a priority (see “People this fund aims to support” section).

Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of course details as part of the assessment process and failure to respond promptly may result in the application process being delayed or your application to be declined.

You will be informed of the result of your application via email in March 2024.

## Iarrtasan soirbheachail

Ma tha sibh soirbheachail, thèid aonta taic-airgid a chur thugaibh tro Docusign, còmhla ri foirm airson am fiosrachadh banca agad. Bidh suas ri 30 latha agaibh gus an t-aonta taic-airgid a shoighneadh is a thilleadh no thèid an tairgse taic-airgid a thoirt air ais.

Thèid 50% den taic-airgid a phàigheadh thugaibh as dèidh dhuibh an aonta taic-airgid tilleadh, is thèid 50% a phàigheadh thugaibh as dèidh dhuibh an aithisg dheireannaich tilleadh thugainn.

Mur a bheil an clàr-ama pàighidh seo freagarrach dhuibh, nach cuiridh sibh fios san foirm-iarrtais agaibh air no cur fios thugainn as dèidh dhuibh co-dhùnadh fhaighinn air an iarrtas agaibh is faodaidh sinn bruidhinn air dòighean-obrach eile.

## Successful applications

If you are successful a funding agreement will be sent via Docusign to you, along with a form for your bank details . You will have up to 30 days from the date of issue to sign and return the funding agreement or the offer shall lapse.

50% of the funding will be paid to you after returning the funding agreement, and 50% will be paid to you after you return the final report.

If this payment structure is not appropriate for you, please note in the application or get in touch with us after receiving the outcome of your application and we can discuss other options.

## Sgrùdadh is measadh

Feumaidh gach neach a tha soirbheachail aithisg dheireannaich a chur gu Bòrd na Gàidhlig às dèidh dhaibh an cùrsa aca a chrìochnachadh.

Thèid fiosrachaidh iarraidh san aithisg ceangailte ri slatan-tomhais stèidhichte air gnìomhan bho [Phlana Corporra Bhòrd na Gàidhlig 2018-23](#):

- “Tha an cùrsa seo air mo bhrosnachadh gus Gaeilge a chleachdadh nas trice”
- “Tha an cùrsa seo air mo sgilean Gaeilge a thoirt air adhart”
- “Tha an cùrsa seo air cur ris mo shunnd”

Bidh e comasach dhuibh an aithisg dheireannaich a chur a-steach tro [phortal iarrtasan Fluxx](#), agus bidh e comasach seo fhaicinn ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail.

## Monitoring and evaluation

All successful applicants will be required to submit a final report to Bòrd na Gàidhlig after completion of the course.

Feedback will be requested in the report relating to the following measures based on actions in [Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2018-23](#):

- “This course has encouraged me to use Irish more often”
- “This course has enhanced my Irish skills.”
- “This course has improved my wellbeing”

The final report will be available to submit via the [Fluxx application portal](#), and will be viewable if your application is approved.

## Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun mhaoin seo, tadhail air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#) no cuiribh fios gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

Faodaidh tu cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri cheistean cumanta](#) mu dheidhinn a’ mhaoineachaidh againn air an làrach-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh air an làrach-lìn againn](#).

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is de dh’fhoirmichean-iarrtas ma tha sibh ag iarraidh.

## More information

For more information about this fund, please visit the [Bòrd na Gàidhlig website](#) or contact Bòrd na Gàidhlig at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

You can also find [answers to frequently asked questions](#) about our funding on our website.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found on our website](#).

Alternative forms of this guidance and application forms can be made available on request.